N5

Teisteanais
Nàiseanta
2023 ATHARRAICHTE

X871/75/11 Cruinn-eòlas

DIMÀIRT, 25 GIBLEAN
1:00 F – 3:05 F

Comharran gu lèir — 70

ROINN 1 — ÀRAINNEACHDAN FIOSAIGEACH — 30 comharra

Feuch **AN DARA CUID** ceist 1 **NO** ceist 2

AN UAIR SIN feuch Ceistean 3 gu 7.

ROINN 2 — ÀRAINNEACHDAN DAONNA — 30 comharra

Feuch na ceistean UILE

ROINN 3 — CÙISEAN CRUINNEIL — 10 comharran

Feuch **AON** sam bith de na leanas.

Ceist 11 — Atharrachaidhean gnàth-shìde

Ceist 12 — Raointean nàdarra

Ceist 13 — Cunnartan àrainneachdail

Ceist 14 — Malairt agus dlùth-chruinneas

Ceist 15 — Turasachd

Ceist 16 — Slàinte

Thèid creideas a thoirt dhut airson mapaichean agus diagraman air a bheil ainmean iomchaidh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.

SQA ©

ROINN 1 — ÀRAINNEACHDAN FIOSAIGEACH — 30 comharra
Feuch AN DARA CUID ceist 1 NO ceist 2
AN UAIR SIN Ceistean 3 gu 7

Ceist 1 — Dealbhan-tire Eigheachdail/ Dealbhan tìre costail

(a) Dèan sgrùdadh air a' Mhapa Tomas Riaghltais (Nì A) de sgìre Phort Rìgh.
Maids na feartan àrd-thalamh eighichte ri na comharran-clèithe cearta.

Feartan: **mullach pioramaideach** **gleann cumadh-U** **arête**

Tagh bho chomharran-clèithe: **453388** **486514** **388393** **495541** **3**

Diagram C1 bàr-gainmhich aig Long Ayre, Tankerness, Arcaibh



(b) Thoir sùil air Diagram C1.
Mìnich mar a chaidh bàr-gainmhich a chruthachadh.
Faodaidh tu diagram(an) a chleachdadh nad fhreagairt. **4**

A-nis feuch Ceistean 3 gu 7

Na feuch air Ceist 2 ma tha thu a-cheana air Ceist 1 a fhreagairt

Ceist 2 — Aibhnichean agus glinn/Dealbhan-tìre àrd-thalamh clach-aoil

(a) Dèan sgrùdadh air a Mhapa Tomhas Riaghltais (Nì A) de sgìre Phort Rìgh.
Maids na feartan aibhne ri na comharran-clèithe cearta.

Feartan: **lùb aibhne** **gleann air chumadh v** **eas**

Tagh bho chomharran-clèithe **474384** **445437** **405423** **425481** **3**

Diagram C2 Cabhsair clach-aoil aig Malham



(b) Thoir sùil air Diagram C2.
Mìnich mar a chaidh cabhsair clach-aoil a chruthachadh.
Faodaidh tu diagram(an) a chleachdadh nad fhreagairt. **4**

A-nis feuch Ceistean 3 gu 7

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 3

Diagram C3A Suidheachadh an tar-ghearraidh





Diagram C3B Tar-ghearradh bho GR 410470 gu GR 470470



Dèan sgrùdadh air Diagraman C3A, C3B agus a Mhapa Tomhas Riaghltais (Nì A) de sgìre Phort Rìgh.

Maids na litrichean A, B agus C ris na feartan cheart.

Tagh bho na feartan a leanas:

Abhainn **Ceum-coiseachd** **A87** **Coilltearachd** **3**

Ceist 4

Diagram C4 Cleachdaidhean-fearainn anns an Eilean Sgitheanach



Dèan sgrùdadh air Diagram C4 agus a Mhapa Tomhas Riaghltais (Nì A) de sgìre Phort Rìgh.


Tagh **dà** dhiofar cleachdadh-fearainn a tha air a shealltainn ann an Diagram Q4.

A' cleachdadh fianais bhon mhapa, **mìnich** mar a tha an sgìre air a shealltainn air an earrann mhapa freagarrach airson an **dà** chleachdadh-fearainn a thagh thu. **5**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 5

Diagram C5 Cleachdaidhean-fearainn taghte




Thoir sùil air Diagram C5.

Tagh aon seòrsa de dhealbh-tìre bho Dhiagram C5

Airson sgìre ainmichte a tha thu air a sgrùdadh, **mìnich** carson a tha còmhstri an sin a thaobh cleachdadh-fearainn. **5**

Ceist 6

Diagram C6 Clàr sionoptaig airson 06:00, 9mh Dùbhlachd 2021




Dèan sgrùdadh air Diagram C6 gu h-àrd.

Mìnich an t-sìde a bha ann an Glaschu aig 06:00 air 9mh Dùbhlachd 2021. **5**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 7

Diagram C7 Teòthachdan cuibheasach san RA (Faoilleach gu Màrt)



Thoir sùil air Diagram C7.

Mìnich na feartan aig a bheil buaidh air teòthachdan cuibheasach san RA.

Faodaidh tu iomradh a dhèanamh air feartan mar domhan-leud, tìr-chumadh, sealladh agus astar bhon mhuir nad fhreagairt. **5**

[Tionndaidh an duilleag airson an ath cheist]


NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

ROINN 2 — ÀRAINNEACHDAN DAONNA — 30 comharra

Feuch na ceistean UILE

Ceist 8

Diagram C8A Mapa sgeidse de sgìre Derby




(a) Dèan sgrùdadh air a' Mhapa Tomas Riaghltais (Nì B) de sgìre Derby agus Diagram C8A.

A' cleachdadh fianais mhapa, **thoir cunntas mionaideach**, air na diofairean eadar **Sgìre X** (3534) agus **Sgìre Y** (3838). **5**

Ceist 8 (a' leantainn)

Diagram C8B Aithris bho Angela, neach-còmhnaidh ann an Duffield



(b) Dèan sgrùdadh air a Mhapa Tomhas Riaghltais (Nì B) de sgìre Derby agus Diagraman C8A agus C8B.

Mìnich carson a tha Duffield a' còrdadh ri daoine a bhith a' fuireach ann.

Bu chòir dhut fianais mhapa a chleachdadh nad fhreagairt. **4**

Diagram C8C Moladh planaidh airson taigh-òsta ùr

TAIGH-ÒSTA sòghail a thathar a' moladh aig Pàirce ALLESTREE


- 80 seòmar-cadail, 3 taighean-bìdh, 2 bhàr, seòmar co-labhairt, gym, goireasan cur-seachad agus spà, pàirceadh, mini-goilf, raon-cluiche chloinne, gàrraidhean.

(c) Dèan sgrùdadh air a Mhapa Tomhas Riaghltais (Nì B) de sgìre Derby agus Diagraman C8A agus C8B.

Tha moladh ann taigh-òsta ùr a thogail air ceàrnag-clèithe 3440 (Sgìre Z air Diagram C8A).

A' cleachdadh fianais mhapa, **mìnich** na buannachdan **agus** eas-bhuannachdan taigh-òsta a thogail an seo. **5**

Diagram C9A Pioramaidean àireamh-sluaigh airson na h-Ostair agus Nigeria (2022)



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C9A.

Thoir adhbharan airson nan diofairean eadar na structuran àireamh-sluaigh aig an Ostair agus Nigeria.

Bu chòir dhut iomradh a thoirt air an dà chuid reatan-bhreithean **agus** reatan-bhàsan nad fhreagairt. **6**

Ceist 9 (a' leantainn)

Diagram C9B Soidhne-rathaid seann daoine




(b) Thoir sùil air Diagram C9B.

Thoir adhbharan airson reatan-bhàsan a bhith a' tuiteam air feadh an t-saoghail. **4**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 10

Diagram C10 Atharrachaidhean a tha air tachairt o chionn ghoirid ann an tuathanachas ann an dùthchannan fo leasachadh



Thoir sùil air Diagram C10.

Mìnich na buannachdan **agus** duilgheadasan a tha atharrachaidhean (a tha air tachairt o chionn ghoirid) air a thoirt do dhùthchannan **fo leasachadh.** **6**

ROINN 3 — CÙISEAN CRUINNEIL — 10 comharran

Feuch AON cheist sam bith.

Ceist 11 — Atharrachaidhean gnàth-shìde *duilleag 16*

Ceist 12 — Raointean nàdarra *duilleag 17*

Ceist 13 — Cunnartan àrainneachdail *duilleag 18*


Ceist 14 — Malairt agus dlùth-chruinneas *duilleag 19*

Ceist 15 — Turasachd *duilleag 20*

Ceist 16 — Slàinte *duilleag 22*

Ceist 11 — Atharrachaidhean gnàth-shìde

Diagram C11 Carbon dà-ogsaid (CO_2) anns an àile agus eimiseanan cruinneil CO_2 1900–2020




Dèan sgrùdadh air Diagram C11.

(a) **Thoir cunntas mionaideach** air na h-atharrachaidhean ann an carbon dà-ogsaid anns an àile **agus** eimiseanan cruinneil CO_2 anns an àile eadar 1900 agus 2020. **4**

(b) **Mìnich** na dòighean anns an gabh atharrachaidhean gnàth-shìde a mhanaidseadh. **6**

Ceist 12 — Raointean Nàdarra

Diagram C12A Graf gnàth-shìde airson Iquitos, Peru



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C12A.

Thoir cunntas mionaideach air a' ghraf gnàth-shìde airson Iquitos, Peru. **4**

Diagram C12B Tundra ann am Beanntan Jotunheimen, Nirribhidh




(b) Thoir sùil air Diagram C12B.

Mìnich na diofar dhòighean sa bheil sgìrean tundra an t-saoghail gan cleachdadh **agus** gam mì-chleachdadh. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 13 — Cunnartan àrainneachdail

Diagram C13A Àireamh de chrithean-talmhainn nas àirde na meudachd 6.5 (1910an–2010an)



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C13A.

Thoir cunntas mionaideach air na h-atharrachaidhean san àireamh de chrithean-talmhainn nas àirde na meudachd 6.5 thairis air na deicheadan. **4**

Diagram C13B Spreadhadh bholcànach aig Anak Krakatoa, Dùbhlachd 2018




Tha Anak Krakatoa, a b' àbhaist a bhith 338 meatairean a dh'àirde, a-nis 110 meatair de dh'airde.

(b) Thoir sùil air Diagram C13B.

Airson spreadhadh bholcànach a tha thu air a sgrùdadh, **mìnich** a' bhuaidh air an t-sluagh **agus** an dealbh-tìre. **6**

Diagram C14A Pàtran malairt na RA le na Stàitean Aonaichte (2014–2021)



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C14A.

Thoir cunntas mionaideach air am pàtran malairt aig an RA leis na Stàitean Aonaichte eadar 2014 agus 2021. **4**

Diagram C14B Malairt chothromach




(b) Dèan sgrùdadh air Diagram C14B.

Le iomradh air sgìre(an) a tha thu air a sgrùdadh, **mìnich** mar a bheir Malairt Chothromach buaidh air daoine **agus** an àrainneachd ann an dùthchannan fo leasachadh. **6**

Ceist 15 — Turasachd

Diagram C15A Luchd-turais eadar-nàiseanta 2020



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C15A.

Thoir cunntas mionaideach air an àireamh de luchd-turais eadar-nàiseanta ann an 2020. **4**

Ceist 15 (a' leantainn)

Diagram C15B Luchd-turais ann an Tallinn, Estonia.




(b) Thoir sùil air Diagram C15B.

Thoir adhbharan airson àrdachadh ann am mòr-thurasachd sna bliadhnaichean o chionn ghoirid. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 16 — Slàinte

Diagram Q16A Cùisean agus bàsan cruinneil a thaobh mailèiria (2000–2020)



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C16A.

Thoir cunntas mionaideach air an àireamh de chùisean mailèiria **agus** an àireamh de bhàsan bho mhailèiria eadar 2000 agus 2020. **4**

Ceist 16 (a' leantainn)

Diagram C16B Galaran taghte san t-saoghal leasaichte



(b) Thoir sùil air Diagram C16B.

Tagh **aon** ghalar bho Dhiagram C16B gu h-àrd.

Airson a' ghalair a thagh thu, **mìnich** na dòighean a tha air an cleachdadh gus smachd a chumail air. **6**

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

Aithneachadh air còir-lethbhreac

Ceist 2	Mark Godden/shutterstock.com
Ceist 5	Martin Kemp/shutterstock.com
	Mountainpix/shutterstock.com
	Christopher Elwell/shutterstock.com
	Chris 2766/shutterstock.com
Ceist 9	Francois Poirier/shutterstock.com
Ceist 10	CRS photo/shutterstock.com
Ceist 12 (b)	Hroch/shutterstock.com
Ceist 14 (b)	Jonathon Bowman/shutterstock.com
Ceist 15 (b)	MD_Photography/shutterstock.com